

# **Ro-innleachd Solarachaidh 2021-2026**

# Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phrìobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair suidhichte ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh, agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Gheibh sinn tabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba a rèir earrainn 34 de dh'Achd Itealanachd Chatharra 1982 agus tha sinn gar sponsaireachd le Còmh-dhail na h-Alba – Buidheann-stiùiridh Seirbheisean adhair, Mara, Bathair is Canàlan.

Ag obair le ar luchd-ùidh, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ról shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche san dùthaich againn.

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach pàirt den obair againn. Tha prògram sàbhailteachd is tèarainteachd làidir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn. Bidh sinn an-còmhnaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-irean as àirde de choileanadh sàbhailteachd aig a' bhuidhinn againn agus aig gach port-adhair againn.



## Clàr-innse

<b>Ro-ràdh</b>	<b>1</b>
<b>Lèirsinn</b>	<b>2</b>
<b>Dràibhear</b>	<b>3</b>
<b>Dùbhlain</b>	<b>5</b>
<b>Amasan</b>	<b>6</b>
1. Cùm taic ri tagraidhean airson 'cothromachadh-carboin' tro sholar seasmhach	<b>6</b>
2. Cùm taic ri libhrigeadh tro choimiseanadh ro-innleachdail	<b>7</b>
3. Cùm taic ri leasachadh eaconamach ionadail is nàiseanta tro sholar seasmhach	<b>8</b>
4. Cùm taic ri luach agus sàbhailteachd a thaobh chosgaisean tro sholararachadh "ceannach nas fheàrr"	<b>9</b>
5. Cuir ri èifeachdas a' phròiseas solarachaidh tro dhidseatachadh	<b>10</b>
6. Lùghdaich riosgan anns an t-sèine-sholair tro bhith a' neartachadh prìomh dhàimhean le prìomh sholaraichean	<b>11</b>
7. Cùm taic ri luchd-obrach gus 'ceannach nas fheàrr' tro phròiseasan a dhèanamh nas simplidhe	<b>12</b>
<b>Prìomh Chomharraidhean agus Targaidean Coileanadh</b>	<b>13</b>
<b>Cur an gnìomh, Sgrùdadh, Aithris agus Ath-sgrùdadh</b>	<b>13</b>

# Ro-ràdh

## 'CEANNACH NAS FHÈARR' – A' stiùireadh cosg gu gnìomhach gus taic a chumail ri solarachadh seasmhach agus gu iom-fhillteachd, cosgais agus riosg a lùghdachadh san t-sèine-sholair

Tha Riaghaltas na h-Alba air aithneachadh gu bheil solarachadh na phàirt chudromach de bhith a' libhrigeadh ro-innleachd eaconomach na h-Alba, anns a bheil fòcas air leasachadh eaconomach seasmhach agus air a bhith a' libhrigeadh bhuilean nas fheàrr do dh'Alba.

Tha Ro-innleachd Chorporra agus Plana Ath-shlànachaidh Covid-19 aig HIAL airson 2021-26 a' cur air adhart lèirsinn shoilleir agus prìomhachasan ro-innleachdail gus na rudan a leanas a choileanadh:

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

Tha solarachadh na phrìomh dhòigh gus ar prìomhachasan corporra ro-innleachdail a choileanadh.

'S e cosg air bathar, obraichean agus seirbheisean mu 75% den chosg bhliadhnail againn agus tha sinn feumach air an t-sèine-solarachaidh gus ar puirt-adhair a chumail a' dol. Mar sin, tha Solarachadh ro-chudromach ann an obrachadh, fàs agus soirbheas na companaidh, agus tha e cuideachd a' cumail taic ri builean seasmhach airson nan coimhearsnachdan againn.

Bha an Ro-innleachd Solarachaidh mu dheireadh airson 2017-2020 ag amas air a' chompanaidh a thoirt ceum nas fhaisge air cleachdaidhean solarachaidh a leabachadh ann an gnìomhan obrachaidh le bhith a' cur fòcas air prìomh amasan a thaobh Daoine, Pròiseas agus Coileanadh.

Tha Ro-innleachd Solarachaidh 2021-2026 a' togail air an adhartas a rinneadh gu ruige seo agus a' toirt seachad dòigh-obrach cruth-atharrachail cuimsichte gus taic a chumail ri ar misean gus buannachd shòisealta agus beairteas eaconomach a chruthachadh le bhith a' togail buidheann phort-adhair roinneil seasmhach airson Alba san àm ri teachd; air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn a bhith nar buidheann puirt-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

Mar thoradh air a' buaidh gun samhail aig galar lèir-sgaoilte COVID-19 aig ìre na cruinne, nàiseanta, ionadail agus air daoine fa leth agus mar thoradh air èiginn na gnàth-shìde, tha e na phrìomhachas a bhith a' dèanamh lèirmheas air na tha sinn a' solarachadh agus ciamar a tha sinn ga sholarachadh, gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a tha farpaiseach gu coimeirsealta agus gus taic a chumail ri ath-bheothachadh eaconomach.



**Johanna Wallace**  
Stiùiriche Ionmhais agus  
Coimeirsealta

### Tha na prìomh ghniomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' libhrigeadh puirt-adhair a tha a rèir inbhean reachdail agus a tha a' cumail taic ri ceangailteachd còmhdaidh ro-chudromach
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structar agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le companaidhean-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' cruthachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte, air siartair, agus bathair
- A' cur ris an teachd a-steach choimeirsealta againn gus am bi an gnìomhachas nas ath-leumaich.

### Ar misean

'S e ar misean a bhith a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta agus soirbheas eaconomach le bhith a' togail buidheann phort-adhair roinneil Albannach a tha seasmhach airson an àm ri teachd.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn gu bheil sinn airson a bhith nar 'buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin'.

# Lèirsinn

## Amasan Solarachaidh Ro-innleachdail

Cùm taic ri bhith a' libhrigeadh targaidean 'cothromachadh-carboin' tro bhith Solarachadh Seasmhach	Cùm taic ri libhrigeadh sheirbheisean tro choimiseanadh ro-innleachdail	Cùm taic ri ath-shlànachadh ionadail agus nàiseanta tro sholarachadh seasmhach	Cùm taic ri luach a bharrachd agus sàbhalaichean a thaobh chosgaisean tro sholarachadh	Cuir ri èifeachdas a' phròiseas solarachaidh tro dhidseatachadh	Lùghdaich riosgan anns an t-sèine-sholair tro bhith a' neartachadh prìomh dhàimhean le prìomh sholaraicean	Cùm taic ri luchd-obrach gus 'ceannach nas fheàrr' tro phròiseasan a dhèanamh nas sìmplidhe
---	---	--	--	---	--	---

### DRÀIBHEARAN

- Èiginn na gnàth-shìde
- Tèarainteachd Shaidhbear
- Gèilleadh ri Riaghailtean
- Cruth-atharrachadh Didseatach
- Modail Albannach an t-Solarachaidh
- Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus Amasan an Leasachaidh Sheasmhaich

### PLANA GNÌOMH OBRACHAIDH 2021-26

Stèidhich dàta bun-loidhne airson PCCan agus cleachd seo gus gnìomhan sa phlana gnìomh fhiosrachadh
Ullaich agus foillsich Poileasaidh Solarachaidh
Thoir a-steach dòigh-obrach Rianachd Roinn-seòrsa ( <i>Category Management</i> )
Cleachd seata-ghoireasan solarachaidh seasmhach Riaghaltas na h-Alba airson planadh ro-innleachdail airson gach solarachadh 'roinn-seòrsa'
Faigh agus/no cur an gnìomh siostam stiùiridh Cùmhnant agus Solaraiche agus trèanadh do stiùirichean cùmhnant
Dèan aithisgean Dashboard a rèir port-adhair/bathar/solaraiche
Ath-sgrìobhadh agus ùrachadh air Stiùireadh agus Teamplaidean Solarachaidh

### DÙBHLAIN

- Galar lèir-sgaoilte COVID-19
- Neo-sheasmhachd an t-sèine-sholair
- Brexit
- Riosg sèine-solair, tèarainteachd shaidhbear agus foill
- Dith dàta air iarrtas, cosg air solarachadh agus riosg nan solaraicean

## AMASAN CORPORA

Dion is sàr-mhathas àrainneachdail	A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne	Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd	Fàs Ionmhasail Seasmhach	A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach	A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail	A' leasachadh nan Daoine againn
------------------------------------	---	--	--------------------------	--	--	---------------------------------

# Dràibhear

## Gèilleadh ri Riaghailtean

A bharrachd air amasan riaghaltais agus corporra, agus inbhean riaghlaidh teann a thaobh còmh-dhail adhair a tha air an leabachadh ann am foinceanan obrachaidh a' phuirt-adhair, feumaidh sinn cuideachd gèilleadh ri reachdas solarachaidh:


- Achd Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba) 2014
- Riaghailtean Chùmhnantan Poblach (Alba) 2015
- Riaghailtean Chùmhnantan Ghoireasan (Alba) 2016
- Riaghailtean Solarachaidh (Alba) 2016

Tha riaghailtean solarachaidh stèidhichte air prionnsabalan co-ionannachd làimhseachaidh, co-aithneachadh, co-rèireachd, follaiseachd agus fosgailteachd. Tha iad seo a' toirt dhuinn na riaghailtean solarachaidh airson a h-uile buidheann san roinn phoblaich san RA. Tha am Poileasaidh Solarachaidh, agus na pròiseasan agus dòighean-obrach a bhios a' libhrigeadh gèilleadh reachdail mar bhunait do na prìomhachasan ro-innleachdail againn.

Thug Achd Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba) 2014 a-steach Dleastanas Solarachaidh Seasmhach a tha a' toirt oirnn beachdachadh air buaidhean sòisealta, eaconamach agus Coimhearsnachd agus 'Buannachdan Coimhearsnachd' mus ceannaich sinn. Tha Sochairean Coimhearsnachd nan riatanasan cùmhnantail a' buntainn ri trèanadh agus fastadh no cothroman fo-chùmhnantaidh, a bhios a' toirt piseach air suidheachadh sòisealta, eaconamach no àrainneachdail nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

## Modail Albannach an t-Solarachaidh

Tha an Ro-innleachd seo air a cho-thaobhadh ri Modail Albannach an t-Solarachaidh aig Riaghaltas na h-Alba, a' sealltainn gu bheil seasmhachd air a leabachadh ann an cuairt solarachaidh HIAL agus na roinne phoblaich.



## Tèarainteachd Shaidhbear

Ann an saoghal a tha a' sìor-fhàs nas eadar-cheangailte, tha tèarainteachd shaidhbear air fàs mar chunnart cruinneil air nach toir crìochan buaidh sam bith. Tha seanailean ùra aig eucoirich shaidhbear a-nis far an urrainn dhaibh briseadh a-staigh gu siostaman agus cothrom fhaighinn air dàta luachmhor, a' faighinn cothrom aimhreit agus cosgais mhòr adhbharachadh do dh'institiudan, do an cliù agus do luchd-ceannach cuideachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba air frèam-obrach seasmhachd shaidhbear a chruthachadh dhan roinn phoblaich gu dòigh-obrach chunbhalach a thoirt do bhuidhnean roinn phoblaich na h-Alba gus:

- measadh a dhèanamh air rèiteachaidhean air seasmhachd shaidhbear
- neartan is laigsean a chomharrachadh
- am bi iad cinnteach gu bheil iad a' leantainn nam bun-inbhean a thaobh seasmhachd shaidhbear
- co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh ciamar/am bu chòir irean nas àirde de sheasmhachd shaidhbear a ruigsinn air stèidh co-rèireach agus stèidhichte air riosg.

Tha sinn air aontachadh am frèama seo a chur an gnìomh agus gus gabhail ri pròiseasan shaidhbear gus an t-sèine-sholair a dhion.

# Dràibhearán

## Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus Amasan an Leasachaidh Sheasmhaich

Shuidhich na Dùthchannan Aonaichte sreath de dh'Amasan airson Leasachadh Seasmhach mar phàirt de fhrèam-obrach coileanaidh a chaidh aontachadh aig ìre eadar-nàiseanta. Tha a h-uile dùthaich a' cuimseachadh air na h-amasan seo a choileanadh ro 2030. Tha na h-aon amasan aig Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF) ris na SDGan agus seo an dòigh gus na SDGan a chur an gnìomh an Alba. Tha na h-amasan sin rim faicinn anns an rùn agus anns na luachan againn taobh a-staigh na Ro-innleachd Corporra againn agus cuideachd san Ro-innleachd Solarachaidh againn.



# Dùbhlain

## Neo-sheasmhachd an t-sèine-sholair

Tha cuingealachaidhean Covid-19 air feadh na cruinne air lùghdachadh adhbharachadh ann an iarrtas bho chustamairean, bha aig gnìomhachasan ri dhùnadh rè ùine agus chaidh luchd-obrach air fòrladh rè ùine no chaill iad an cuid obrach – bha sin uile a' toirt buaidh air na sreathan sèine-sholair againn, bho stuthan amh agus saothrachadh gu solarachaidhean agus reic. Bha buaidh gu sònraichte dona air roinn nan seirbheisean adhair air sgàth chuingealachadh air siubhal air feadh na cruinne, a chùim itealain air an làr agus puirt-adhair dùinte gu ìre. Chaidh pròiseactan calpa san roinn phrìobhaidich a thaobh seirbheisean adhair a chuir dheth, agus chaidh seirbheisean agus solar leantainneach co-cheangailte ri seirbheisean adhair a ghearradh air ais.

Agus sinn a' tòiseachadh air a' phròiseas ath-bheothachaidh, bidh an sèine-sholar againn a' dol am feabhas mean air mhean cuideachd. Feumaidh sinn a bhith mothachail air call prìomh luchd-obrach gus cùmhnantan làithreach a libhrigeadh, barrachd cunnart gun tèid solarachaidhean fodha, agus comas lùghdaichte a bhith a' cur a-steach airson tairgsean san àm ri teachd.

## Brexit

Tha dòigh-riaghlaidh solarachadh poblach na h-Alba air tighinn bho lagh solarachaidh an AE agus mar sin, tha Brexit a' toirt buaidh air. Bho shealladh solarachaidh, chan eil mòran air atharrachadh agus chan eil e coltach gun atharraich mòran san ùine ghoirid, ach a-mhàin atharrachadh air iomraidhean air an AE. Tha Riaghaltas na RA an dùil Bile Solarachaidh a thoirt a-steach gus solarachadh a dhèanamh nas simplidhe anns an roinn phoblaich ann an Sasainn agus sa Chuimrigh. Chan eil Riaghaltas na h-Alba air a ràdh fhathast am bi ath-leasachaidhean mar seo ann an Alba, agus ma bhios, cuine.

Ach, tha a' bhuidhe phractaigeach air a bhith nas fhollaisich le gu leòr eisimpleirean de dhàil aig puirt, foirmean iom-fhillte agus cosgaisean nas motha ag èirigh bho tharfaean agus pròiseas na h-in-mhalairt. Bidh iad sin a' toirt buaidh air amannan feitheimh airson bathar agus stuthan a libhrigeadh dhuinn gu dìreach agus dhan t-sèine-sholair againn, a' meudachadh a' chunnairt dhan obair againn bho fhàilligeadh solair agus bho dhàil air prògraman nam pròiseactan calpa.

## Dith dàta air iarrtas, cosg air solarachadh agus riosg nan solarachaidhean

Gu ruige seo cha robh comas aig na siostaman againn a bhith a' clàradh, a' sgrùdadh agus ag aithris air grunn eileamaidean cudromach den chearcall solair, m.e. iarrtas bho air feadh nan 11 làraichean den gnìomhachas airson na h-aon nithean, caitheamh solarachaidh a rèir bathar/solarachaidhe/cùmhnant, coileanadh solarachaidhean agus cunnartan solair. Tha an dith dàta seo a' cuingealachadh a' chomais againn deagh cho-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh dè, cuine agus ciamar a cheannaichear bathar agus seirbheisean a bhios diofar phuirt-adhair/oifisean a' cleachdadh uair is uair.

Bheir buileachadh siostam Riaghlaidh Ionmhais ùr agus toirt a-steach ar Prògram Cruth-atharrachaidh Dhìdseataich taic dhan pròiseas gus dèiligeadh ris na beàrran dàta sin ann an dòigh nas coileanta.

# Amasan

## 1. Cùm taic ri targaidean airson cothromachadh carboin tro sholar seasmhach

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Tha èiginn gnàth-shìde chruinneil ann agus ged a tha COVID-19 air a bhith na fhòcas aig riaghaltasan air feadh an t-saoghail, tha Riaghaltas na h-Alba fhathast dealasach a thaobh crìoch a chur air na tha sinn a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde le bhith a' libhrigeadh eadar-ghluasad gu cothromachadh-carboin a thaobh eimiseanan gasaichean an taighe-ghlainne ro 2045.

Tha ochdad sa cheud de lorg carbon na h-Alba co-cheangailte ri nithean a thèid a dhèanamh no a thèid a chaitheamh. Fo Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde, feumaidh Alba eimiseanan a lùghdachadh le 75% ro 2030 le targaid cothromachadh-carboin a bhith ann a thaobh eimiseanan carboin ro 2045. Is e solarachadh a' phrìomh dhòigh gus targaidean seasmhachd a choileanadh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gun cleachd iad an £12.6 billean a tha ga chosg air solar poblach gus cur ris a' ghluasad a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin.

Tha sinn dealasach mu bhith a' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail againn; a' stiùireadh an eadar-ghluasaid ann an seirbheisean adhair gus sgìre còmhdhail adhair le cothromachadh-carbon a chruthachadh; agus gus am bi cothromachadh-carboin aig na 11 puirt-adhair aig HIAL.

**Ciamar** – Brosnaichidh sinn sgiobaidhean pròiseict gus conaltradh tràth a dhèanamh le Solarachadh agus gus na modhan-nàiseanta a thaobh Innealan Solarachaidh Seasmhach agus Eaconamaidh Chearcallach a chleachdadh ann an ìrean dealbhadh is leasachaidh pròiseactan solarachaidh, gus leigeil leinn co-dhùnaidhean matha a dhèanamh gus cò dhùnadh am bu chòir dhuinn ceannach (a bheil feum againn air, an urrainn dhuinn ùrachadh/ath-chleachdadh); na tha sinn a' ceannach (buaidh àrainneachdail); mar a cheannaicheas sinn e (tùsan margaidh) agus dè a cheannaicheas sinn (an urrainn dhuinn nas lugha a chleachdadh).

Ni sinn ath-sgrùdadh air poileasaidhean, modhan-obrach agus teamplaidean solair gus coimhead air seasmhachd agus toraidhean na h-eaconamaidh cearcallaich anns a h-uile solar, agus brosnachidh sinn ùr-ghnàthachadh agus teicneòlasan ùra.

Beachdaichidh sinn air na Building Research Establishment Environmental Assessment Method Standards (BREEAM) airson a h-uile pròiseact bun-structair co-cheangailte ri ùrachadh agus ath-thogail thogalaichean far a bheil sin iomchaidh. Còmhla ri leis na Comhairlichean Bun-structair a tha nan com-pàirtichean againn, feuchaidh sinn ri dòighean a chruthachadh gus ar cleachdadh carboin obrachadh a-mach agus gus a fhrith-chothromachadh ann an dealbhadh, togail, stuthan agus pròiseasan sna pròiseactan calpa againn.

Cuiridh sinn pròiseasan Rianachd Cùmhnantan is Solaraichean an gnìomh gus dàta a chruinneachadh mu choileanadh nan solaraichean a thaobh lughdachadh eimiseanan carboin.

Bidh sinn a' sgaoileadh trèanadh, com-pàirteachadh agus leasachadh eòlais do luchd-obrach a thaobh solarachadh seasmhach.



# Amasan

## 2. Cùm taic ri libhrigeadh tro choimiseanadh ro-innleachdail

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Tha mòran chompanaidhean priobhaideach agus buidhnean san roinn phoblaich a-nis a' tuigsinn an luach a bharrachd a thig bho sholar agus tha iad a' gluasad solair air falbh bho cheannach traidiseanta gu dòigh-obrach nas ro-innleachdail. Gluaisidh Covid-19 an t-eadar-ghluasad seo air adhart nas luaithe agus tha dùbhlain nas èiginniche agus nas dùbhlannaiche againn na bh' ann riamh roimhe.

Faodaidh solaracchadh dàimhean co-obrachail a dhoimhneachadh, taobh a-staigh na buidhne, a bhith mar "ghlaodh" taobh a-staigh nan roinnean corporra agus gnìomhach a tha diofraichte agus uaireannan sgapte; a' toirt sealladh dhuinn air raointean teicnigeach agus coimeirsealta, agus a' toirt seachad tuigse tar-ghnìomhach air gnìomhachd, agus ruigsinneachd air a' mhargaidh solair.

Le bhith a' cleachdadh dàta cosgais, caiteachais is iarrtais gus planadh ro-innleachdail tràth fhiosrachadh air dè, càite agus cia mheud a bu chòir a cheannach, chuireadh seo ris a' chomas againn seirbheisean agus pròiseactan calpa a libhrigeadh gu soirbheachail; a' faighinn luach nas fheàrr. Le bhith a' cruthachadh ro-innleachd airson gach seòrsa bathair, faodar planadh nas fhaid-ùine a dhèanamh, barrachd feum a dhèanamh den chaitheamh tron ghnìomhachas agus tha e a' toirt dhuinn liosta 'as fheàrr sa chlas' de na solaraiichean a tha cùmhnant leinn.

Bidh coimiseanadh ro-innleachdail a' cunbhalachadh riatanasan thar gach port-adhair gus ìrean càileachd àrdachadh, eaconamaidhean sgèile a dhèanamh, a bhith a' cruthachadh/neartachadh prìomh dhàimhean solaraiiche agus a' lughdachadh iom-fhillteachd agus riosg sèine-sholair.

**Ciamar** – Cuiridh sinn dòigh-obrach Riaghladh Roinn-seòrsa corporra an gnìomh a thaobh a' phlana calpa 10-bliadhna againn agus a thaobh nan riatanasan teachd-a-steach obrachaidh leantainneach againn; a' cruinneachadh iarrtas air feadh a' ghnìomhachais, a' co-roinn nithean ann am buidhnean de sheòrsaichean bhathair, agus gan sgaradh gus prìomhachasan fhiosrachadh. Bheir seo dhuinn prògraman solarachaidh bliadhnail agus planadh ghoireasan nas treasa gus na rudan a dh'fheumas sinn a libhrigeadh aig an àm a tha sinn feumach orra.

Ni sinn ùrachadh agus ath-sgrùdadh air poileasaidhean agus modhan solarachaidh gus coimiseanadh ro-innleachdail a dhèanamh foirmeil gus giùlan ceannach agus dèanamh cho-dhùnaidhean atharrachadh; a' lughdachadh cunnart neo-ghèilleadh ris a' Phoileasaidh Solarachaidh againn.

Cuiridh sinn pròiseasan Rianachd Cùmhnantan is Solaraiichean an gnìomh airson prìomh sholaraiichean; gus dàimhean solaraiiche a chruthachadh agus a neartachadh, coileanadh a leasachadh agus na cunnartan obrachaidh againn co-cheangailte ri fàilligeadh sèine solair a lughdachadh.

### 3. Cùm taic ri leasachadh eaconamach ionadail is nàiseanta tro sholar seasmhach

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Agus sinn ag ath-shlànachadh às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte, tha e ro-chudromach gum beachdaich sinn air feumalachdan nan custamairean againn, nan coimhearsnachdan againn agus an eaconamaidh againn. Tha a bhith a' brosnachadh luach eaconamach is sòisealta tro sholarachadh seasmhach a' cumail taic ri sèineachan-solair ionadail, a tha an uair sin a cumail taic ri seasmhachd agus fàs ann an àireamhan-sluaigh ann an coimhearsnachd ionadail, agus a bhios an uair sin a' brosnachadh leasachadh slighean agus ceanglaichean nas fheàrr.

Tha sinn an urra ris an t-sèine-solair againn gus bathar, obair agus seirbheisean a libhrigeadh gus an urrainn do na puirt-adhair cumail a' dol agus gus an t-seirbheis a thoirt seachad ris a bheil na custamairean againn an dùil. Tha na solaraidhean sin a' gabhail a-steach Iomairtean Beag is Meadhanach (SMEan) stèidhichte ann an coimhearsnachdan ionadail, SMEan Albannach, agus buidhnean nas motha stèidhichte ann an Alba agus san RA. Tha grunn prìomh-sholaraidhean againn taobh a-muigh na RA a tha a' frithealadh roinn na còmhdaidh adhair san fharsaingeachd.

Tha galar lèir-sgaoilte COVID-19 air buaidh a thoirt air a h-uile gnìomhachas gu ìre air choireigin. Gus ar cuid obrach, ar coimhearsnachdan agus an t-sèine-sholair againn a dhìon, agus gus taic a chumail ri clàr-gnothaich nas fharsaingeach de dh'ath-bheothachadh eaconamach san roinn phoblaich, feumaidh sinn fòcas a chur air cleachdaidhean solarachadh seasmhach mar inneal.

**Ciamar** – Nì sinn ath-sgrùdadh air na pròiseasan solarachaidh againn gus slighean solarachaidh a tha càirdeil dhan mhargaidh a thoirt seachad a tha mothachail air comas gnìomhachasan a bhith a' tairgsinn agus a' libhrigeadh a rèir cinn-ama. Bidh sinn ag amas air com-pàirteachadh SME agus iomairtean sòisealta ionadail a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach ath-bhreithneachadh agus ath-sgrùdadh air na teirmichean cùmhnant àbhaisteach againn gus an cothromachadh cunnairt a cho-roinn agus bheir sinn seachad sgrìobhainnean ann am “Beurla shoilleir”.

Nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phoileasaidh Solarachaidh gus dòighean-obrach aig an sgèile iomchaidh a thomhas taobh a-staigh “roinnean-seòrsa” buntainneach a bhios a' beachdachadh air comas, comas-libhrigidh agus seasmhachd mhargaidhean a tha a' tighinn am bàrr aig àm ath-bheothachadh COVID-19.

Cuiridh sinn an gnìomh dòigh-obrach Rìaghladh Roinn-seòrsa a thaobh solarachadh a leigeas le iarrtas san fhad-ùine a bhith air a ro-innse agus gus an tèid a chur ann an cùmhnantan nas fhaide gus dèanamh cinnteach gum bi leantainneachd solair ann agus gus barantas a thoirt do sholaraidhean gum bi òrdughan fad-ùine aca. Cuiridh sinn deuchainnean agus innealan seasmhachd an sàs do na roinnean-seòrsa sin gus taic a chumail ri measadh faid-bheatha agus cunnartan is cothroman seasmhach.

Nì sinn measadh air gach tairgse airson molaidhean airson luach sòisealta a bharrachd agus buannachdan coimhearsnachd. Nì sinn cinnteach gun dèan luchd-obrach conaltradh le buidhnean coimhearsnachd ionadail agus buidhnean luchd-ùidh puirt-adhair gus liostaichean miannan de bhuanachdan ionadail a stèidheachadh gus toraidhean coimhearsnachd stèidhichte air iarrtas a sholarachadh anns na pacaidean tairgse againn gus am beachdaich solaraidhean orra.

# Amasan

## 4. Cùm taic ri luach agus sàbhalaichean a thaobh chosgaisean tro sholarachadh “ceannach nas fheàrr”

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Chan eil libhrigeadh luach an airgid dìreach mu chosgais. Chan ann idir mu ghèilleadh a tha solarachadh. Bidh deagh chleachdaidhean solarachaidh a' cothromachadh cosgais, càileachd agus seasmhachd – a' faighinn an rud cheart aig an àm cheart aig a' phris cheart, a' cur fòcas air feumalachdan a' ghnìomhachais agus na coimhearsnachd san fharsaingeachd. Tha deagh sholarachadh riatanach gus luach a chur air adhart tron bhuidhinn air fad.

Bidh solarachadh a' cur an comas barrachd farpais agus ùr-ghnàthachadh, le raon nas fharsainge de sholarichean, a tha a' toirt dhuinn barrachd luach an airgid.

Faodaidh solar cur ris an ìre fharpaiseachd againn sa mhargaidh le bhith a' lughdachadh chosgaisean, a' toirt seachad bhuannachdan, a' cruthachadh/a' neartachadh prìomh dhàimhean le solarichean agus ag àrdachadh ar comas gus tasgadh a dhèanamh. Le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean stèidhichte air dàta agus stèidhichte air feumalachdan, is urrainn Solarachadh ceangal a dhèanamh eadar soirbheachas obrach agus riaghladh cosgais.

**Carson** – Cuiridh sinn dòigh-obrach Riaghladh Roinn-seòrsa air dòigh, a' cur còmhla iarrtas thar gach port-adhair gus prìomhachas a thoirt do dh'eacarsaichean solair farpaiseach a rèir cunnart obrachaidh agus cosgais. Leigidh seo le eaconamaidhean sgèile a bhith ann far a bheil sin iomchaidh agus bheir e cumhachd ceannach nas fheàrr dhuinn.

Bidh sinn a' cur a-mach tairgsean gu farpaiseach airson raon farsaing de chùmhnanntan corporra gus bathar agus seirbheisean cumanta a libhrigeadh thar nam port-adhair againn, agus bidh sinn mothachail air cothroman do chunnradairean agus fo-chùmhnanntaichean ionadail. Daingnichidh seo a' bhunait solarachaidh againn gus iom-fhillteachd agus riosg a lughdachadh.

Le bhith a' cruthachadh liosta de sholarichean cùmhnanntaichte corporra bheir seo dòigh solarachaidh nas fheàrr do luchd-obrach, a' dèanamh shàbhalaichean cosgaisean agus a' comasachadh pròiseas ceannach nas èifeachdaiche.

Ni sinn ùrachadh agus ath-sgrùdadh air a' Phoileasaidh Solarachaidh agus stiùireadh luchd-obrach againn air a h-uile pròiseas solarachaidh gus cur ri faicsinneachd agus gus ceumannan nas fheàrr a chur an sàs gus smachd a chumail air caitheamh taobh a-muigh chùmhnanntan.

Ni sinn ath-sgrùdadh air dleastanasan an Ùghdarrais Solarachaidh Tiomnaichte againn gus am bi e a' co-thaobhadh ri Sgeama an Ùghdarrais Ionmhais Tiomnaichte, agus bidh e-ionnsachadh agus taic cho-cheangailte ann do luchd-obrach ainmichte aig a bheil uallach airson ceannach a stiùireadh agus òrdughan ceannach aontachadh.

Cuiridh sinn PCCan an sàs agus nì sinn aithris orra do Mhanaidsearan Puirt-adhair, dhan Phrìomh Sgioba-stiùiridh agus do Bhuill a' Bhùird air caiteachas stiùirichte, cunnart seine-solair, iom-fhillteachd, smachdan ionmhais, agus luach a bharrachd.

# Amasan

## 5. Cuir ri èifeachdas a' phròiseas solarachaidh tro dhidseatachadh

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Tha cruth-atharrachadh didseatach na phàirt bhunaiteach den ro-innleachd chorporra againn gus prìomh amasan a choileanadh agus tha astar a' chruth-atharrachaidh air luathachadh às dèidh buaidh galar lèir-sgaoilte Covid-19. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil luach ann an co-dhùnaidhean stèidhichte air dàta agus gun urrainn deagh buaidh a bhith aig didseatachadh agus teicneòlas air a' chomas againn a bhith a' freagairt nas èifeachdaiche air iartasan obrachaidh.

Tha foill agus eucoirean eaconamach aig an Ìre as àirde a-riamh, a' toirt buaidh air barrachd chompanaidhean na riamh roimhe. Ach tha gnìomhachsan a' cleachdadh anailis dàta barrachd gus sgeamaichean cealgach a lorg agus gus cur an aghaidh in-shioladh.

Agus an cunnart bho eucoirich shaidhbear a' fàs, feumaidh sinn nas urrainn dhuinn a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean didseatach againn cho tèarainte 's a ghabhas, agus gun urrainn dhaibh faighinn seachad air gu sgiobalta nuair a bhios ionnsaighean saidhbear soirbheachail ann. Dh'fhaodte gum bi an sèine-sholair againn buailteach do chunnartan saidhbear, agus buaidh a thoirt air na siostaman riatanach againn. Tha Riaghaltas na h-Alba air poileasaidh agus innealan tèarainteachd saidhbear sèine-solair a chruthachadh, stèidhichte air cunnart gus dòigh-obrach chunbhalach a thoirt seachad gus tèarainteachd shaidhbear a leasachadh taobh a-staigh sèine-solair na roinne poblaich.

Mar thoradh air an nàdar, tha pròiseasan solarachaidh gu math iom-fhillte, gu sònraichte ann a bhith a' cothromachadh gèilleadh ri reachdas solarachaidh le feumalachdan gnìomhachais. Gus taic a chumail ris an luchd-obrach againn gus a bhith 'a' ceannach nas fheàrr' bu chòir na h-innealan ceart a bhith againn gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach chunbhalach ann a lùghdaicheas iom-fhillteachd agus mar sin riosg.

**Ciamar** – Obraichidh sinn le Bòrd a' Chruth-atharrachadh Dhidseatach gus coimhead air fuasglaidhean far an gabhadh luach a chur ris a thaobh rudan rin libhrigeadh agus/no èifeachdas pròiseas, agus gus am measadh a rèir cosgaisean buileachaidh, mar eisimpleir e-chùmhnantan seach a bhith a' clò-bhualadh, agus a' ceangal chùmhnantan agus a bhith a' faighinn ainmean-sgrìobhte inc orra.

Obraichidh sinn gu dlùth leis an Sgioba Ionmhais le buileachadh an t-Siostam Riaghlaidh Ionmhais Oracle Netsuite ùr gus na foinceanan uile a tha rim faighinn a chleachdadh bho thùs. Gu sònraichte, anailisean dàta gus cuir an aghaidh foill; dàta a thoirt seachad gus Chlàr Cùmhnantan tèarainte fhiosrachadh; agus mion-sgrùdadh caiteachais agus aithris gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean stèidhichte air dàta.

Cleachdaidh sinn an t-Inneal Taic Solarachadh Tèarainteachd Saidhbear anns a h-uile tairgse bhuntainneach gus riosg tèarainteachd shaidhbear a dh'fhaodadh a bhith ann bho na sèineachan-solair againn a mheasadh is sa lasachadh.

Obraichidh sinn leis an Sgioba Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (ICT) agus le Conaltradh Corporra gus làrach Solarachaidh Sharepoint a chruthachadh gus taic a thoirt do luchd-obrach obrachaidh gus am pròiseas solarachaidh ceart a chomharrachadh agus a leantainn, le fòcas air dealbhadh bho shealladh neach-cleachdaidh.

# Amasan

## 6. Lùghdaich riosgan anns an t-sèine-sholair tro bhith a' neartachadh prìomh dhàimhean le prìomh sholaraichean

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Tha dùbhlain nas èiginniche agus nas miosa ro ghnìomhachasan an-diugh na bha na riamh roimhe. Tha e deatamach gun tuigear mar a tha a' mhargaidh ag atharrachadh, agus mar sin bidh faicsinneachd margaidh nas fheàrr mar thoradh air eadar-obrachadh agus conaltradh cunbhalach le solaraichean.

Tha doimhneachadh dhàimhean le prìomh sholaraichean a' toirt seachad dòigh dà-shligheach gus cunnart a lughdachadh airson gach pàrtaidh – is e faicsinneachd agus co-obrachadh an dòigh as fheàrr gus seasmhachd fhaighinn do luchd-ceannach agus solaraichean.

Tha faicsinneachd nan solaraichean againn deatamach airson a bhith a' stiùireadh riosg agus a bhith eòlach air na margaidhean solair againn; agus tha ar faicsinneachd do sholaraichean a' toirt cothrom ro-innse nas fheàrr a bhith ann air iarrtas san àm ri teachd.

**Ciamar** – Stèidhichidh sinn dàta bun-loidhne air an àireamh de sholaraichean le cùmhnantan làithreach an taca ris an àireamh de sholaraichean a thathar a' cleachdadh; seòrsaich solaraichean a rèir luach/riosg agus clàraich na gnìomhan Rìaghlaidh Dàimh Cùmhnant is Solaraiche (CSRM) co-cheangailte ris gach solaraiche.

Cuiridh sinn an gnìomh dòigh-obrach Stiùireadh Roinnean-seòrsa a thaobh solarachadh a bhios a' cur ar riatanasan air feadh a' ghnìomhachais ann an roinnean de cùmhnantan a thèid a sholarachadh gus liosta de sholaraichean cùmhnantaichte a thoirt seachad; a' lìomhachadh agus a' lughdachadh àireamh iomlan nan solaraichean. Feumar toirt fa-near cuideachd do sheasmhachd sa phrìomh sèine-sholair againn agus puingean fàiligidh singilte a sheachnachadh cho fad 's a ghabhas. Leis a seo, gabhaidh prìomh sholaraichean a chomharrachadh agus gabhaidh dàimhean a thogail gu foirmeil agus gu h-ìomchaidh.

Ceannaichidh sinn agus cuiridh sinn an gnìomh siostam CSRM gus dòigh-obrach cho-rèireach a thoirt seachad airson a bhith a' tionail dàta solaraichean, a' dèanamh sgrùdaidhean dichill ìomchaidh, agus a' cumail sùil air, a' riaghladh agus ag aithris air coileanadh solaraiche.

Ni sinn ath-sgrùdadh air a' Phoileasaidh Solarachaidh, modhan-obrach agus teamplaidean cùmhnant gus taic a thoirt do phròiseas foirmeil CSRM gus cunnart fàilligeadh solaraiche a lughdachadh, cunnartan cùmhnantail a lughdachadh, pròiseasan a dhèanamh cunbhalach agus coileanadh a leasachadh. Leasaichidh agus neartaichidh CSRM ar dàimhean le prìomh sholaraichean gus leigeil leinn tuigse nas fheàrr fhaighinn air na planaichean ath-bheothachaidh aca agus air na cunnartan sèine-sholair.

Bidh sinn a' co-obrachadh le buidhnean eile san roinn phoblaich agus a' cleachdadh Frèamaichean far a bheil sin ìomchaidh nuair a bhios sinn a' ceannach bathar/seirbheisean cumanta gus an cuideam air goireasan solarachaidh a lughdachadh agus sinn a' cur an aghaidh riosg san t-sèine-solair.

Brosnaichidh sinn com-pàirteachadh for-ghnìomhach sa choimhearsnachd le puirt-adhair tro bhuidhnean luchd-ùidh puirt-adhair agus Comhairlean Coimhearsnachd gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air feumalachdan coimhearsnachd agus air buannachdan coimhearsnachd cuimsichte a dh'fhaodadh a bhith air an cur a-steach do thairgsean airson pròiseactan mòra.

# Amasan

## 7. Cùm taic ri luchd-obrach gus 'ceannach nas fheàrr' tro phròiseasan a dhèanamh nas simplidhe

- Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
- A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
- Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
- Fàs Ionmhasail Seasmhach
- A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
- A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
- A' leasachadh nan Daoine Againn

**Carson** – Gus cumail ri riaghailtean solarachaidh agus gus an luach as fheàrr a thoirt dhan chompanaidh, tha na modhan solarachaidh againn a rèir 'Turas Solarachaidh' Riaghaltas na h-Alba a bheir seachad modhan-obrach, gèillidh agus deagh chleachdadh cunbhalach do gach buidheann san roinn phoblaich ann an Alba. Tha iom-fhillteachd pròiseas bunaiteach ann an solar san roinn phoblaich, a thaobh gèilleadh agus coinneachadh ri stiùiridhean poileasaidh riaghaltais agus amasan na buidhne.

Tha am Poileasaidh Solarachaidh làithreach againn ag ràdh gum bu chòir a h-uile cùmhnant a chur air dòigh às dèidh farpais; fo £50k tro chuotaichean, agus os cionn £50k le tairgse. Tha luchd-obrach obrachaidh an urra ri pròiseasan fo £50k agus tha an Sgioba Solarachaidh an urra ri pròiseasan nas àirde na £50k. Tha sgrùdaidhean air na pròiseasan solarachaidh riaghlachta againn air a bhith fàbharach gu ruige seo, ach chaidh laigsean a lorg ann an solar fo stairsneach agus feumar dèiligeadh riutha sin.

**Ciamar** – Ni sinn sgrùdadh air ar luchd-obrach gus tuigse fhaighinn air mar as urrainn dhaibh taic fhaighinn gus an rud ceart a cheannach aig a' phris cheart aig an àm cheart – a rèir a' Phoileasaidh Solarachaidh agus amasan seasmhachd, a rèir prìomhachasan ro-innleachdail corporra, agus a' coinneachadh ri feumalachdan obrachaidh.

Cuiridh sinn an gnìomh dòigh-obrach Rianachd Roinnean-seòrsa airson bathar agus seirbheisean a bhios gan ceannach gu cumanta, a' tional iarrtas air feadh a' ghniomhachais gus liosta shimplidh "go-to" de sholaraichean cùmhnantaichte a thoirt do luchd-obrach.

Ni sinn ath-sgrùdadh air sgeama an Ùghdarras Solarachaidh Tiomnaichte do luchd-obrach ainmichte gus frèam dhleastanasan nas soilleire a thoirt seachad; a' cumail taic ri soillearachadh a tha gèilleadh agus a' toirt seachad luach a bharrachd. Cuiridh sinn an gnìomh trèanadh a bharrachd, taic cho-leithid agus stiùireadh gus luchd-obrach a thoirt air bòrd airson dòigh-obrach nas ùire a thaobh ceannach – ag atharrachadh giùlan agus beachdan.

Leanaidh sinn Frèam-obrach Leasachaidh Solarachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba gus na dleastanasan solair againn a mhàdadh agus gus feumalachdan trèanaidh foirmeil a chomharrachadh.

Ni sinn ath-sgrùdadh agus ùrachadh air a' Phoileasaidh Solarachaidh agus air na modhan-obrach agus sgrìobhainnean againn gus pròiseasan luach nas isle a dhèanamh nas simplidh agus bheir sinn barrachd soilleireachd do luchd-obrach a thaobh riaghailtean ceannaich agus mar as urrainn dhaibh an luach as fheàrr fhaighinn. Co-cheangailte ri didseatachd, 's e an t-amas pròiseasan a dhèanamh nas ruigsinniche agus nas èifeachdaiche.

Cuiridh sinn prionnsabalan Fìor Thuarastal Bith-beò an Toiseach anns gach tairgse agus cuiridh sinn Siartar Solaraichean an sàs airson gach solaraiche gus taic a chumail ri co-ionannachd, iomadachd agus am Fìor Thuarastal Bith-beò tron t-sèine-sholair air fad againn.

# Prìomh Chomharraidhean agus Targaidean Coileanaidh

Prìomh Comharra agus Tomhas Soirbheis	2021 Bun-loidhne	2026 Targaid	Beachd
% lùghdachadh ann an eimiseanan carboin Sgòp 1 is 2	TBC	40%	Tomhas de sholarachadh seasmhach
% de chùmhantan air an toirt, no air an toirt air fo-chùmhantan, do SME-an ionadail	29%	50%	Tomhas de sholarachadh seasmhach
% de luchd-tairgse a' pàigheadh co-dhiù an Tuarastal Bith-beò	39%	75%	Tomhas de sholarachadh seasmhach
Cosg a tha a' tighinn fo dhòigh-obrach stiùireadh roinnean-seòrsa	0%	80%	Tomhas de chosg stiùirichte
% de chostaisean air an sàbhaladh ann an cosgaisean co-cheangailte ri solarachadh	3.5%	5%	Tomhas de luach air a chur ris tro sholarachadh
Àireamh chuibheasach de sholaraichean a' cur a-steach airson cùmhantan HIAL	3.3	5	Tomhas de lùghdachadh iom-fhillteachd
% de sholaraichean aig nach eil cùmhantan	TBC	20%	Tomhas de smachdan ionmhasail
% de phrìomh luchd-solair a tha air an stiùireadh gu for-ghnìomhach	TBC	100%	Tomhas de stiùireadh riosgan na sèine-solair
% de mheasaidhean tèarainteachd saidhbear air an dèanamh airson cùmhantan luach còrr is £50k	TBC	90%	Tomhas de rianachd riosgan tèarainteachd shaidhbear san t-sèine-sholar

## Cur an gnìomh, Sgrùdadh, Aithis agus Ath-sgrùdadh

Bithear a' clàradh nan gnìomhan a dh'fheumar gabhail gus na h-amasan Solarachaidh ro-innleachdail a choileanadh anns na Planaichean Gnìomh Solarachaidh bliadhnaile againn. Thèid gach gnìomh a bhuileachadh air sealbhadair aig am bi uallach gus a librigeadh. Thèid adhartas le bhith a' librigeadh nan amasan Solarachaidh ro-innleachdail a thomhas agus thèid aithris orra gu Àrd-mhanaidsearan agus gu Bòrd HIAL agus thèid aithris air seo gach bliadhna anns an Aithisg Solarachaidh Bhliadhnaile.

Ni am Manaidsear Solarachaidh ath-sgrùdadh bliadhnaile air an Ro-innleachd às dèidh co-chomhairle le luchd-ùidh, agus dh'fhaodte gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh aig an ìre seo gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgrìobhainnean fhathast buntainneach agus gun gabh na h-amasan coileanadh.

**Sarah Shelley**  
Manaidsear Solarachd

Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Àrd-oifis, Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis IV2 7JB

Fòn: (01667) 464207 Post-d: sshelley@hial.co.uk

